

## Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd – Trusadh is Cosnadh

### Ro-ràdh

Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (an Achd) tha e mar dhleastanas air Bòrd na Gàidhlig Gàidhlig a chur air adhart agus a leasachadh. Mar phàirt den uallach sin, feumaidh sinn gu cunbhalach a bhith a' dèanamh conaltradh riuthasan air a bheil dleastanas fon Achd no riuthasan aig a bheil ùidh ann an cànan, foghlam no cultar na Gàidhlig.

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh fiosrachadh pearsanta airson diofar adhbharan agus tha am fiosrachadh againn mu phrìobhaideachd a' mìneachadh carson a bhios sinn a' faotainn agus a' cruinneachadh fiosrachadh pearsanta, agus ciamar a bhios sinn ga chleachdadh.

Tha am fiosrachadh seo mu phrìobhaideachd a' mìneachadh mar a nì Bòrd na Gàidhlig feum de dh'fhiosrachadh airson adhbharan trusaidh agus adhbharan cosnaidh às dèidh sin.

### Dè am Fiosrachadh a Thèid a Chruinneachadh?

Tha dàta pearsanta a dhìth air Bòrd na Gàidhlig airson a' phròiseis thrusaidh. Airson a' mhòr-chuid de dhreuchdan, bidh sin a' gabhail a-steach:

- Fiosrachadh conaltraidh
- Sgilean, teisteanasan, eòlas agus eachdraidh obrach
- Dearbhadh gu bheil cead agaibh a bhith ag obair san RA
- Suidheachadh pearsanta nuair a tha sin iomchaidh, mar eisimpleir, gus measadh a dhèanamh air na feumalachdan a th' agaibh a thaobh a bhith a' gluasad 's dòcha gus an dreuchd a ghabhail os làimh
- Dìtidhean airson eucoir – bidh fios air seo a dhìth airson cuid a dhreuchdan far a bheil cead a dhìth a thaobh ìrean-tèarainteachd
- Suidheachadh a' chead-dràibhidh agaibh airson cuid a dhreuchdan
- Strì eadar com-pàirtean
- Comasan sa Ghàidhlig

Mar as trice, thèid seo a chruinneachadh ann am foirm-iarrtais coitcheann, ach uaireannan 's dòcha gun iarr sinn tuilleadh fiosrachaidh a rèir dleastanasan sònraichte na dreuchd.

### Ciamar a bhios m' fhiosrachadh air a chleachdadh?

Thèid am fiosrachadh agaibh a chleachdadh mar phàirt den phròiseas thrusaidh. Thèid fiosrachadh a bhuineas ri iarrtas sònraichte airson dreuchd a chleachdadh gus na ceumannan iomchaidh a ghabhail a tha a dhìth airson cùmhnant a thoirt seachad. Airson tagraichean soirbheachail, cumaidh Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh san fhaidhle phearsanta agaibh gus rian a chumail air a' chùmhnant obrach agaibh. An uair sin, thèid an dàta uile airson luchd-obrach a làimhseachadh a rèir phoileasaidhean Bhòrd na Gàidhlig. Gheibh luchd-obrach na poileasaidhean sin tron Eadra-lìon, no faodaidh daoine a tha a' cur a-steach airson dreuchd aig a' bhuidhinn na poileasaidhean sin iarraidh.

Airson tagraichean nach robh soirbheachail, thèid pàirt den fhiosrachadh mun iarrtas agaibh a chumail airson ùine ghoirid às dèidh dhuinn co-dhùnadh a dhèanamh mun iarrtas agaibh, airson dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn dèiligeadh ri ceistean sam bith a th' agaibh mun iarrtas. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu clàran-ama gleidhidh gu h-ìosal. Tha seo a chum math dligheach Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn beachdan a thoirt do thagraichean air an iarrtas aca agus dèiligeadh ri ceistean no litrichean / puist-d sam bith a gheibhear a thaobh a' phròiseis thrusaidh.

### **Am bi am fiosrachadh agam air a thoirt do dhuine eile?**

Thèid fiosrachadh sam bith a gheibhear an lùib iarrtais airson dreuchd a thoirt do na daoine a tha air a' phannal thrusaidh. Dh'fhaodadh gun tèid fiosrachadh a chur gu daoine eile nuair a tha feum air sin mar phàirt den phròiseas thrusaidh. Bidh seo an crochadh air dè an dreuchd a tha sibh a' cur a-steach air a shon agus dh'fhaodadh gun tèid fios a chur gu Foillseachadh Alba (Disclosure Scotland) ma tha e mar phàirt den dreuchd a bhith ag obair còmhla ri clann is inbhich a tha feumach air dìon sònraichte.

Tha aontaidhean làimhseachaidh dàta aig Bòrd na Gàidhlig còmhla ris na daoine a bhios a' làimhseachadh dàta às ar leth. Cho fad 's as urrainn dhuinn a dhearbhadh, cha bhithear a' gluasad an fhiosrachaidh phearsanta agaibh gu dùthchannan taobh a-muigh Raon Eaconamach na h-Eòrpa.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' faotainn sheirbheisean Sgiobachd tro chùmhnannt le buidheann eile, agus thèid am fiosrachadh agaibh a thoirt dhaibh mar phàirt den t-seirbheis thrusaidh a tha iad a' toirt dhuinn, agus airson tagraichean a tha soirbheachail, gheibh na seirbheisean sgiobachd fiosrachadh mun deidhinn fhad 's a tha iad san dreuchd.

A bharrachd air na suidheachaidhean a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, cha toir Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh pearsanta do neach no buidheann eile uair sam bith, ach nuair a tha riatanas reachdail ann gus sin a dhèanamh no gu bheil e laghail mar a tha am pròiseas ga chur an gnìomh.

### **Dè thachras nuair nach bi feum tuilleadh air m' fhiosrachadh?**

Thèid fiosrachadh a bhuineas ri cùisean trusaidh is fastaidh a chumail a rèir clàran-ama gleidhidh Bhòrd na Gàidhlig, agus thèid cur às dha an uair sin.

Thèid fiosrachadh pearsanta a gheibhear mar phàirt de dh'iarrtas airson dreuchd a ghleidheadh airson na h-ùine a leanas:

- Airson tagraichean soirbheachail a ghabhas ri cùmhnannt obrach, 6 bliadhna bhon cheann-latha air an tig an cosnadh aca gu crìch;
- Airson tagraichean soirbheachail a roghnaicheas gun gabhail ri cùmhnannt obrach agus tagraichean nach eil soirbheachail, thèid am fiosrachadh aca a chumail airson 6 mìosan.

## **Còraichean a Bharrachd**

Fon Riaghailt Choitinn airson Dìon Dàta (RCDD), tha grunn chòraichean agaibh nuair a thig e gu ur fiosrachadh pearsanta.

Tha a' chòir agaibh:

- i. iarrtas a chur a-steach airson ur fiosrachadh pearsanta fhaicinn;
- ii. iarrtas a chur a-steach gus am fiosrachadh pearsanta agaibh a cheartachadh, rud a tha a' ciallachadh gum bi e comasach dhuibh fiosrachadh pearsanta ceàrr a chur ceart gun cus dälach;
- iii. iarraidh gun tèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a dhubhadh às nuair a tha cumhachan àraidh ann;
- iv. bacadh a chur air mar a thèid am fiosrachadh agaibh a chleachdadh ann an cuid a shuidheachaidhean
- v. cur an aghaidh mar a thèid am fiosrachadh agaibh a chleachdadh;
- vi. am fiosrachadh a ghluasad ann an cuid a shuidheachaidhean.

Thèid iarrtasan a thaobh ceartachaidh, dubhadh às no bacadh air an fhiosrachadh a chleachdadh a chur gu duine sam bith a fhuair am fiosrachadh pearsanta agaibh. Gheibhear fiosrachadh mionaideach air cò gheibh am fiosrachadh agaibh san earrainn [Am bi am fiosrachadh agam air a thoirt do dhuine eile?](#)

Dh'fhaodadh suidheachaidhean a bhith ann far nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gabhail ris na h-iarrtasan gus na còraichean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd a chur an gnìomh. Nam biodh seo fìor mu iarrtas a nì sibh, bidh e air a mhìneachadh dhuibh carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig an t-iarrtas agaibh a choileanadh agus dè na roghainnean a th' agaibh.

Far a bheil ur fiosrachadh pearsanta ga chleachdadh le ur cead, tha a' chòir a bharrachd agaibh ur cead a tharraing air ais aig àm sam bith. Faodaidh sibh faighinn a-mach mu mar a tha am fiosrachadh pearsanta agaibh air a chleachdadh gu laghail san earrainn [Ciamar a bhios m' fhiosrachadh air a chleachdadh?](#)

### *Gearanan*

Mura h-eil sibh toilichte leis an dòigh anns a bheil Bòrd na Gàidhlig air ur dàta pearsanta a chleachdadh, tha a' chòir agaibh gearan a chur gu Coimiseanair an Fhiosrachaidh, a tha a' riaghladh reachdas dìon dàta anns an RA. Gheibhear mar a chuirear fios thuca aig <https://ico.org.uk/>.

### **Fios Gu**

'S e Bòrd na Gàidhlig an Rianadair Dàta (no Rianadair) airson fiosrachadh pearsanta a thèid a chleachdadh mar a tha e air a mhìneachadh san fhiosrachadh seo. Làrach-lìn: <http://www.gaidhlig.scot/>.

Ma tha ceistean sam bith agaibh mu fhiosrachadh sam bith a th' anns an fhiosrachadh mu phrìobhaideachd seo, cuiribh fios an toiseach gu:

Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra/Oifigear Dìon Dàta

Bòrd na Gàidhlig

Taigh a' Ghlinne Mhòir

Rathad na Leacainn

Inbhir Nis

IV3 8NW

[oifis@gaidhlig.scot](mailto:oifis@gaidhlig.scot)

01463 225454

<b>Dreach</b> <i>Version</i> <i>Number</i>	<b>Adhbhar/ Atharrachadh</b> <i>Purpose/Change</i>	<b>Ùghdar</b> <i>Author</i>	<b>Ceann-là</b> <i>Date</i>
V2	Smachd Sgiobhainn air an cur ris is logo BNG	CNI/SB	17/10/2022